



A' cleachdadh chromagan

Nuair a tha sinn a' leughadh, bu chòir dhuinn stad airson diog bheag nuair a chì sinn cromag. Cha bu chòir dhuinn stad cho fada ri nuair a tha sinn a' faicinn stad-phuing ach dìreach airson tiotan!

Chithear cromagan tric ann an sgrìobhadh agus, le sin, feumaidh fios a bhith againn ciamar a chleachdas sinn iad anns an dòigh cheart!

Faodaidh cromagan ciall an t-seantans atharrachadh gu tur!

Let's eat, Grandad!

Tha ciall gu tur eadar-dhealaichte aige nuair a bheir sinn an cromag a-mach!

Let's eat Grandad!

Far a bheil cromagan air an cleachdadh:

Nuair a tha liosta de dh'fhaclan ann an seantans:

Bidh feum air òrd, tarragan agus sàbh.

Stad i, thug i sùil air agus ruith i air falbh

'S e duine dòigheil, snog a bh' ann an Dòmhnall

Cuimhnich nuair a tha thu a' cleachdadh chromagan airson liosta a sgrìobhadh gun cleachd thu **agus** eadar an dà rud mu dheireadh san liosta agad.

m.e. *Cheannaich Màiri ùbhlán, briosgaidean, isbeanan, broccoli agus ìm.*

Na cleachd cromag nuair a dh'fhaodadh tu stad-phuing a chleachdadh!

Tha cromagan air an cleachdadh gus seantans a tha fada a bhriseadh suas. Cuidichidh seo an leughadair ciall a dhèanamh den t-seantans.

Nuair a chunnaic e am bàta a' tighinn a-steach don chala, dh'fhòn e timcheall na caraidean aige airson dèanamh cinnteach gum biodh iad ann ann an ùine.

Dh'èigh i cho àrd 's a b' urrainn dhi, ach cha chluinneadh duine i.

Tha cromagan air an cleachdadh airson tuilleadh fiosrachaidh a chur ann an seantans. Dh'fhaodadh na faclan taobh a-staigh na cromagan a bhith air an toirt a-mach gun ciall an t-seantans atharrachadh.

Bhris Màrtainn MacLeòid, sàr chluicheadair na sgioba, a chas Disathairne.

Bha an duine, air an robh deise ghorm, a' coimhead gu math toilichte.

Cleachdaidhean eile airson chromagan

Gus àireamhan a bhriseadh suas ann am miltean.

m.e. 1,999,999

Nuair a tha thu a' sgrìobhadh ceann-là

m.e. 24mh Faoilleach, 2015.

Taobh a-staigh 'comharran còmhradh'

m.e. "Tha sinn a' falbh an-diugh," thuirt Ailig.